

Cuairt Coimiseanaidh Sholarachaidh Ioma-bhliadhnail 2020/21

FAQs

Thogadh na ceistean seo ann an còmhraidhean le companaidhean aig an robh ùidh ann an cuairt coimiseanaidh Pasgain 21.

- **1.** An fheum gach sreath ioma-bhliadhnail fa leth a bhith air a riochdachadh leis an aon chompanaidh, no an gabh na sreathan a bhith air am briseadh sìos agus gan roinn a-mach gu barrachd na aon chompanaidh?
 - Feumaidh gach sreath a bhith air a riochdachadh le aon chompanaidh agus cha ghabh am briseadh sìos.
- **2.** Am bu chòir beachd a ghabhail ri co-mhaoineachadh anns gach iarrtas?
 - Tha an sgrìobhainn coimiseanaidh a' sealltainn slatan-tomhais ar measadh agus tha seo a' gabhail a-staigh co-mhaoineachadh. Tha sinn mothachail nach eil co-mhaoineachadh a' freagairt air a h-uile sreath, ach bu chòir beachd a ghabhail air far a bheil e iomchaidh.
- **3.** Am feum sibh fiosrachadh leithid fiosrachadh companaidh agus plànaichean-gnìomh msaa a bhith mar phàirt de dh'iarrtas ioma-bhliadhnail?
 - Feumaidh. Tha sinn a' moladh na leanas: Plànaichean trèanaidh, plànaichean leasachaidh tàlaint, poileasaidh Gàidhlig a' chompanaidh, cruth a' chompanaidh, plànaichean airson an àm ri teachd, cruthan gnìomhachais agus planadh ro-innleachdail airson an àm ri teachd. N.B – chan fheum plànaichean-gnìomh a bhith ro mhionaideach, cho fhad 's a tha iad a' sealltainn stiùireadh innleachdail. Chan fheum sinn tomhasan ionmhais.
 - **4.** Dè cho mionaideach 's a dh'fheumas fiosrachadh mu phrògraman a bhith airson gach bliadhna anns an aonta ioma-bhliadhnail?
 - Bu chòir dha prògraman a th' air an cuir a-staigh airson a' chiad bhliadhna a bhith gu math mionaideach le geàrr-chunntasan air prògraman/sreathan agus am prìomh thàlant aithneachadh. Cha leig prògraman a th' air an cuir a-steach airson an dàrna agus an treasamh bhliadhna a bhith cho mionaideach, ach bu chòir gu bheil iad fhathast a bhith a' taisbeanadh gu bheil uairean a thìde gu leòr a thaobh beachdan phrògram gus dearbhadh gum bi an solarachadh cunbhalach airson faid a' chùmhnaidh.



- **5.** Am faod dà chompanaidh a thighinn le chèile gus cuir a-staigh airson iarrtas ioma-bhliadhnail còmhla?
 - Faodaidh. Tha e comasach do dhà chompanaidh iarrtas a chur a-staigh còmhla. Bhiodh cùmhnant sam bith den leithid eadar MG ALBA agus an dà chompanaidh, mar eisimpleir, ann an co-bhanntachd no mar iomairt còmhla. Bhiodh MG ALBA a' tabhainn chùmhnannt dhan dà chompanaidh fa leth.

- **6.** Airson an t-sreath Prògraman Firinneach stèidhichte air susbaint a chaidh fhaighinn, a bheil dùil ri thar-ghuthadh airson nam prògraman seo?
 - Airson an t-sreath Prògraman Firinneach stèidhichte air susbaint a chaidh fhaighinn tha sinn an dùil ri thar-ghuthadh dhan Ghàidhlig airson nam prògraman seo.

- **7.** An iad prògraman aithriseach a tha gu sònraichte an dàn dhan t-sreath Prògraman Firinneach stèidhichte air susbaint a chaidh fhaighinn?
 - Chan iad, faodaidh an t-sreath Prògraman Firinneach stèidhichte air susbaint a chaidh fhaighinn a bhith nas fharsaing na prògraman aithriseach a-mhàin. Dh'fhaodadh, mar eisimpleir, prògraman aithriseach 'observational', sgeulachdan beatha agus prògraman firinneach eile a bhith ann.

- **8.** A thaobh dealbh beò a th' air thar-ghuthadh, am bi prògraman stèidhte aig MG ALBA deiseil airson thar-ghuthadh aig toiseach a' chùmhnannt air 1 Iuchar 2021 an deit a thathas an dùil ris fhathast?
 - Bidh MG ALBA air prògraman dealbh-beò fhaighinn a bhios deiseil airson thar-ghuthadh bho 1 Iuchar 2021.

- **9.** An tèid faid Dealbhan-beò air Thar-ghuthadh obrachadh a-mach a rèir faid nam beàrn-clàir, no mionaidean dha-rìreabh?
 - Mar a nithear measadh air fadan dealbh-beò a th' air fhaighinn air BBC ALBA:

Faid dha-rìreabh a' Phrògraim	Faid Beàrn a' Chlàir
11 mion to 15 mion	15 mion
20 mins to 30 mion	30 mion

46 mins to 60 mion	60 mion
Fadan uile eile	A rèir faid dha-rìreabh a' phrògram

- **10.** Am faod companaidh iarrtas a chur a-staigh airson sreathan no cruthan a th' air an riochdachadh le companaidhean eile mar-thà?
 - Dh'fhaodadh còirichean cruth aig companaidhean air branndan a tha ann mar-thà, ach chan eil seo a' buntainn ri cuspairean farsaing agus rudan anns a bheil ùidh farsaing.
- **11.** Am faod sreathan phrògram a bhith air an cuir a-staigh an dà chuid leotha fhèin agus freagarrach airson sreath a tha a' tilleadh?
 - Faodaidh an dà chuid a bhith ga chur a-staigh, sreath leis fhèin agus sreathan a bhios a' tilleadh.
- **12.** Am faod companaidhean beachdan phrògraman a chuir a-steach an dà chuid chun chuairt coimiseanaidh sholarachaidh loma-bhliadhnail agus chun chuairt coimiseanaidh sholarachaidh ràitheil?
 - Faodaidh. Faodaidh companaidhean beachdan phrògraman a chuir a-steach airson an dà chuairt.
- **13.** Cia mheud prògraman a tha gan iarraidh airson gach sreath?
 - Chan fhaod sinn sònrachadh cia mheud prògraman a bu chòir a bhith air an cuir a-staigh airson gach sreath oir 's ann an urra ri gach companaidh fhèin a bhios sin.
- **14.** Am faod companaidhean a tha gu h-eachdraidheil air gnè sònraichte de phrògraman a riochdachadh chur a-staigh airson gnèithean eile anns an sgrìobhainn choimiseanaidh?
 - Tha gach sreath fosgailte do dh'iarrtasan bho chompanaidhean neo-eisimeileach sam bith a tha iomchaidh.

- **15.** Am faigh luchd-solarachaidh cead figearan luchd-amhairc a bhuineas ris na prògraman aca fhèin fhaighinn?
 - Gabhaidh figearan luchd-amhairc airson prògraman a chaidh a dhèanamh ann an 19-20, m.e. na figearan as ùire airson sreath air fad, a sgaoileadh ann am prìobhaideachd leothasan a riochdaich am prògram.

- **16.** A bheil siostam-cuideim ann airson nan slatan-tomhais a th' air an cur a-mach anns an sgrìobhainn choimiseanaidh?
 - Thèid na slatan-tomhais a chleachdadh gu co-ionnan.

- **17.** Am feum sibh buidseatan fa leth airson gach prògram taobh a-staigh iarrtas ioma-bhliadhnail?
 - Chan fheum sibh buidseat airson gach prògram a chur a-staigh gu iarrtas.

- **18.** Dè an ìre de Ghàidhlig ris am bitheas an dùil airson prògraman a tha ag amas air luchd-amhairc a bha a' gabhail a-staigh Alba air fad?
 - Tha stiùireadh Gàidhlig air an làrach againn: [Stiùireadh Gàidhlig](#)

- **19.** Dè an ìre de luchd-obrach Gàidhlig a bu chòir do bhith an sàs le riochdachadh phrògraman airson solarachadh ioma-bhliadhnail?
 - 'S fhiach e aithneachadh gu bheil 'Poileasaidh a' Chompanaidh a thaobh glèidheadh na Gàidhlig ann an Alba' mar aon de na slatan-tomhais air ainmeachadh anns a' chuairt choimiseanaidh.

- **20.** An gabhadh sinn ri maoinachadh bho thùsan coimearsalta nach eil ceangailte ri craoladh mar thùs mhaoineachaidh iomchaidh airson solarachadh ioma-bhliadhnail?
 - Ghabhadh, cho fhad 's nach biodh e a' briseadh stiùireadh BBC sam bith a thaobh maoinachadh on taobh a-muigh.

- **21.** Cuin a bu chòir dùil a bhith aig companaidhean cluinntinn bho MG ALBA an dèidh dhaibh iarrtas a chur a-steach?
 - Cho luath 's a ghabhas an dèidh a' chinn-latha, bidh sinn ann an conaltradh le luchd-solarachaidh a thaobh nan ath-ceumannan anns a' phròiseas.

- **22.** A bheil MG ALBA an dùil ri leasachadh àireamh beag de chompanaidhean neo-eisimeileach a tha nas motha, no taghadh farsaing de chompanaidhean beaga airson a' chuairt choimiseanaidh sholarachaidh ioma-bhliadhnail?
 - Tha MG ALBA airson leasachadh a thoirt air roinn solarachaidh BBC ALBA san fharsaingeachd, agus airson solarachadh coimiseanaidh ioma-bhliadhnail, 's e neart cruthachail an iarrtais agus an comas buaidh a libhrigeadh as cudromaiche, seach meud a' chompanaidh neo-eisimeileach.

- **23.** Am bu chòir plànaichean trèanaidh a bhith mar phàirt de dh'iarrtasan airson solarachadh ioma-bhliadhnail, ach ma 's e sin a' chùis, cò na prìomh amasan a tha MG ALBA an dùil ris bho na riochdairean?
 - Tha Slat-tomhais 5 a' gabhail a-staigh trèanadh agus bu chòir Planaichean Trèanaidh & Leasachaidh a bhith mar phàirt de dh'iarrtas sam bith. Tha sinn a' moladh cleachdadh Preantasan Ùr-nòsach & Preantasan Ceuma le labhairt Gàidhlig mar phàirt dheth, agus tha sinn airson ur n-aire a thoirt dha maoineachadh leithid an [Apprenticeship Employer Grant](https://www.skillsdevelopmentscotland.co.uk/news-events/2020/november/additional-funding-for-employers-to-take-on-an-apprentice/).
<https://www.skillsdevelopmentscotland.co.uk/news-events/2020/november/additional-funding-for-employers-to-take-on-an-apprentice/>

- **24.** Cò na ghnèithean a th' air a bhith soirbheachail ann a bhith a' tarraing co-mhaoineachadh gu BBC ALBA?
 - Thairis air na beagan bliadhnaichean mu dheireadh, tha na gnèithean Ceòl agus Fìrinneach air a bhith soirbheachail ann a bhith a' tarraing co-mhaoineachaidh gu BBC ALBA.

- **25.** Ciamar a thèid buaidh a mheasadh?
 - Faic Slat-tomhais 1 anns an sgrìobhainn choimiseanaidh. Gabhaidh buaidh a mheasadh ann an ioma dhòigh – a' gabhail a-staigh, ach chan ann a-mhàin, duaisean, ruigsinneachd luchd-amhairc agus soirbheachas air na meadhanan sòisealta.

- **26.** Am bu chòir susbaint ioma-ùrlair a bhith mar phàirt de gach iarrtas?
 - Faic Slat-tomhais 3 anns an sgrìobhainn choimiseanaidh. Tha e cudromach dhuinn dearbhadh gun gabh buaidh luachmhor a dhèanamh a bharrachd air craoladh dìreach.

- **27.** Carson a tha faid nan cùmhnanan ioma-bhliadhnail dha atharrachadh?
 - Tha am faid air atharrachadh mar fhreagairt air an àrainneachd luath, chaochlaideach anns a bheil BBC ALBA a' farpais. Feumaidh solarachadh nam prògraman dearbhadh gu bheil susbaint ga thabhainn a bheireas air luchd-amhairc BBC ALBA a thagadh.
- **28.** Ciamar a thèid maoinachadh nan cùmhnanan ioma-bhliadhnail seo a sgaoileadh?
 - An-dràsta, tha sinn san fharsaingeachd a' pàigheadh a' mhaoineachadh seo a-mach gach cairteal, ach gabhaidh seo atharrachadh gus freagairt air companaidhean fa leth, às dèidh còmhraidh.
- **29.** Am bu chòir iarrtasan a bhith mothachail air Covid-19 a thaobh coltas libhrigidh?
 - Bidh na cùmhnanan a' tòiseachadh anns an Iuchar 2021, agus mar sin, bu chòir riochdairean a bhith mothachail air an t-suidheachadh iad fhèin agus a bhith a' measadh buaidh Covid-19 dhan ìre as fheàrr a tha comasach dhaibh.
- **30.** Am bu chòir iarrtasan sam bith a bhith gu tur neo-loidhneach?
 - Faic slat-tomhais 3 anns an sgrìobhainn choimiseanaidh. 'S e prògraman loidhneach einnsean na seanail, ach tha e cudromach a bhith a' gabhail beachd air mar a thèid seo ath-chleachdadh gus buaidh a chruthachadh air ùrlaran eile.
- **31.** Cuin a thèid a' chiad cnap de phrògraman anns na cùmhnanan seo a chraoladh?
 - Anmoch as t-Fhoghar 2021.
- **32.** A bheilear an dùil dha na preantasan a bhith ag obair air rudan a thaobh co-riochdachadh agus co-mhaoineachadh sa mhòr-chuid?
 - Faodaidh preantasan obrachadh ann an taobh sam bith den gnìomhachas far am faigh iad eòlas a shàsaicheas ro-fheumalachdan a' phreantasachd. Tha preantasachdan Meadhanan Cruithachail is Didseatach rim faotainn mar Phreantasachd Ùr-nòsach agus tha seo a' tabhann barrachd sùbailteachd. Chan eil na Meadhanan Cruithachail is Didseatach ga tabhainn mar Phreantasachd Ceuma aig an ìre-sa. Ann a bhith a' brosnachadh Preantasachdan Ceuma Stiùireadh Gnìomhachais gu sònraichte, 's e an t-amas a bhith a' cur taic ri leasachadh comas coimearsalta na companaidh agus a bhith a' cur ri àireamhan luchd na Gàidhlig aig a bheil na sgilean coimearsalta seo.
- **33.** Dè an tuarastal ris a bheilear an dùil airson preantas, agus am biodh MG ALBA a' cur ri seo?



- Tha MG ALBA an dùil gum faigh iad co-dhiù 50% den tuarastal airson a chur ris. Tha an tuarastal air a stèidheachadh le gach companaidh, agus bu chòir dha seo a bhith iomchaidh agus farpaiseach a rèir an t-suidheachaidh anns a bheil iad.
- **34.** Dè cho fada 's a thathas an dùil na preantasachdan a bhith?
 - 4 Bliadhna – tha seo nas fhaide na tha faid a' chùmhnannt ioma-bhliadhnail, ach tha sinn an dùil gun aontaich an companaidh ri MG ALBA ann a bhith a' glèidheadh a' chosnaidh airson na 4 bliadhna air fad.
- **35.** Dè na goireasan aig MG ALBA a tha ri fhaotainn aig cosgais do riochdairean, gus taic a chur ri riochdachadh prògraman sam bith a tha mar phàirt de dh'iarrrtas?
 - Gheibhear tuairisgeul de na goireasan a tha ri fhaotainn do riochdairean an seo: [MG ALBA Facilities](#). Gabhaidh fiosrachadh ionmhais mionaideach a thaobh nan goireasan a sgaoileadh ann an prìobhaideachd air iarrrtas. Cuir fios gu pasgan@mgalba.com le ceistean sam bith a' buntainn ri seo.
- **36.** A bheil feartan sònraichte a thaobh farsaingeachd a tha BBC ALBA airson dèiligeadh leis?
 - Tha sinn a' leantainn stiùireadh a' BhBC a thaobh farsaingeachd, a' dearbhadh gu bheil gach dòigh sa bheil sinn diofraichte air a riochdachadh – diofaran leithid gnè, cinneadh agus cinnidheachd, agus ciorraman lèirsinneach, aidmheil cleamhnais, clas sòisealta, dualchas, creideamh, ciorraman neo-lèirsinneach, seallaidhean eadar-dhealaichte agus dòighean smaoineachaidh, foghlam, inbhe teaghlaich agus aois. Tha e cuideachd a' gabhail a-staigh càit a bheil an luchd-obrach againn a' fuireach agus ag obair, agus tha sinn air leth mothachail air am feum a bhith cho farsaing 's a ghabhas a thaobh an dà chuid air sgrìn agus ann an riochdachadh.
- **37.** Ann an dealbhachadh-beò a th' air thar-ghuthadh, dè an co-mheas a thaobh tàlant inbhich agus cloinne a tha ga chleachdadh?
 - Thairis air an dà bhliadhna mu dheireadh, a thaobh obair thar-ghuthadh air dealbh-beò airson MG ALBA, chaidh 105 uairean de dhealbh-beò a riochdachadh. Às an seo, bha 80 uairean (76%) anns nach robh tàlant guthadh cloinne, agus 25 uairean (24%) anns an robh tàlant guthadh cloinne.
- **38.** A bheillear ag amas air luchd-amhairc sònraichte leis na cùmhnanntan ioma-bhliadhnail seo ris nach robhar a-cheana?
 - Tha sinn ag obair ann an àrainneachd a tha air leth farpaiseach agus tha sinn airson dearbhadh gu bheil luchd-amhairc òg air an tarraing gu BBC ALBA. Tha sinn cuideachd gu math mothachail air a' ghluasad mean air mhean gu amhairc neo-loidhneach, ach chan eil an luchd-amhairc air a bheil sin ag amas ag atharrachadh.

- **39.** Dè seòrsa susbaint ris a bheilear an dùil airson an t-sreath Ceòl is Tachartasan Sreath 2?
 - Tha sinn a’ cur fàilte air iarrtasan a chuireas ri farsaingeachd a thaobh àitichean, agus a thaisbeanas tachartasan agus àitichean nach eil air an riochdachadh cho tric agus a’ dearbhadh gu bheil iad seo stèidhte air co-bhanntachdan làidir.
- **40.** Am b’ urrainn do chompanaidh riochdachaidh co-riochdachadh a chur air bhog le MG ALBA gus feum fhaighinn à ghoireasan riochdachaidh MG ALBA?
 - Tha sinn an dùil ri cleachdadh ghoireasan MG ALBA aig cosgais iasaid ghoireasan, seach cruth co-riochdachaidh.
- **41.** Dè an t-atharrachadh a thig air cuairtean coimiseanaidh àbhaisteach às dèidh a’ chuairt choimiseanaidh ioma-bhliadhnail seo?
 - Tha dà mheadhan choimiseanaidh aig BBC ALBA an-dràsta; cùmhnantan ioma-bhliadhnail agus cuairtean coimiseanaidh. ’S e an t-amas a bhith a’ cumail oirnn le seo, a rèir maoinachadh.
- **42.** Am biodh ùidh ann an susbaint chloinne a bhith air a riochdachadh às ùr, a bharrachd air stuthan air ùr-dreachadh?
 - Chan eil susbaint cloinne às ùr mar phàirt den chuairt choimiseanaidh ioma-bhliadhnail seo, ach dh’fhaodadh e bhith mar phàirt de chuairtean coimiseanaidh anns an àm ri teachd.
- **43.** Airson adhbharan buidseit cùmhnantan ioma-bhliadhnail, a bheil sgèile na cìs riochdachaidh an aon rud ri coimiseanan cunbhalach?
 - Is e breithneachadh a tha seo don chompanaidh riochdachaidh, gus an gnothaichean malairteach fhèin a dhèanamh tèarainte, agus aig an aon àm a’ lìbhrigeadh a’ bhuidh chruithachail a thathar ag iarraidh. Cha bhiodh dùil againn gum biodh ìrean cìs riochdachaidh taobh a-muigh ìrean gnìomhachais
- **44.** Dè na còirichean ris am biodh dùil riochdairean fhaighinn airson Prògraman Firinneach a ghlèidheadh stèidhichte air susbaint a chaidh a cheannachd?
 - Bu chòir riochdairean dicheall iomchaidh a shealltainn gus còirichean a ghlèidheadh a leigear le craolaidhean neo-crìochnaichte a bhith air BBC ALBA airson 5 bliadhna air a’ char as lugha, ach thathas mothachail gur dòcha nach eil an ìre-sa de shusbaint ro-cheannaichte comasach anns a h-uile suidheachadh a thaobh susbaint a chaidh a cheannachd. Ach, cha bu chòir dhan riochdaire susbaint fhaighinn air teirmean nach eil a’ gabhail a-steach co-dhiù 4 craolaidhean telebhisein, ro-cheannaichte (le suas



gu 4 craolaidhean aithriseach taobh a-staigh 7 là) thairis air 2 bhliadhna air teirmean às-dùnach anns an RA agus còirichean iPlayer /air iarrtas (12 mìosan as fheàrr).